

Sgrùdadh, Leirmheas agus sgrìobhadh Aithriseach

● Beagan Fiosrachaidh ●

Sgrùdadh:

Nuair a tha thu a' sgrìobhadh gus sgrùdadh a dhèanamh, feumaidh tu a bhith cothromach, neo-eisimeileach, fa-leth agus feumaidh tu seachnadh do bheachdan fhèin a thoirt seachad na do cho-dhùnadh. Tha sgrùdadh:

- ▶ A' toirt seachad sgrùdadh chothromach air cuspair no teacsa.
- ▶ Tha e mi-phearsanta agus neo-eisimeileach.
- ▶ A' rannsachadh na prìomh phuingean no cuspairean a tha a nochdadh
- ▶ A' feuchainn ri thighinn gu co-dhùnadh chothromach.
- ▶ Eu-coltach ri leirmheas, chan eil e a' toirt sùil a-mhàin air na rudan a tha math no dona no neartan agus laigsean.

Tha abairtean den t-seòrsa seo feumail:

- ▶ Tha e a' coimhead coltach gu bheil....
- ▶ Tha e uaireannan air a ràdh...
- ▶ Tha cuid de dhaoine den bheachd gu bheil....
- ▶ Tha fianais a' sealltainn gu bheil....
- ▶ Tha feadhainn ag argamaid gu bheil....
- ▶ Tric bithear a' cluinntinn...

'S e dòigh sgrìobhaidh gu math reusanta a tha seo agus feumar sealltainn gu bheil thu, mar sgrìobhadair, a' gabhail a-steach gach taobh den argamaid ach nach eil thu a' gabhail aon taobh seach taobh eile. Feumar a bhith cothromach fad na h-ùine!

Chan eil e duilich sgrìobhadh anns an dòigh seo ach feumaidh tu smaoinichadh mu dheidhinn gu mionaideach agus feumaidh tu a dhèanamh tric airson fàs cleachdte ris.

Leirmheas:

Tha seo fada nas pearsanta. Bheir do eòlas pearsanta ughdarras do na co-dhùnidhean agad. Ach, feumaidh deagh adhbharan a bhith agad airson do chuid phuingean. Tha leirmheas:

- ▶ A' toirt sùil mhionaideach air neartan agus laigsean.
- ▶ A' cleachdadh fianais gus taic a thoirt do na beachdan agad.
- ▶ A' thighinn gu co-dhùnadh agus a' mìneachadh a bheil e ag obair don luchd-amhairc.
- ▶ A' toirt seachad beachdan pearsanta le ùghdarras.

Aithriseach:

Tha sgrìobhadh aithriseach gu tur pearsanta agus 's e do bheachdan fhèin a tha air an toirt seachad. Ma thèid iarraidh ort do chuid bheachdan a thoirt seachad ann an clas, bu chòir gun dèanadh tu seo le ùghdarras agus le bhith a' toirt taic dha na beachdan agad. Tha sgrìobhadh aithriseach:

- ▶ A' toirt seachad beachdan agus breithneachadh pearsanta.
- ▶ Tha e anns a' chiad phearsa. Na mo bheachd-sa. Chòrd seo rium oir...
- ▶ Tha e dha rìreabh pearsanta.